



North Ayrshire Council
Comhairle Siorrachd Àir a Tuath

Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath PLANA GÀIDHLIG

2014-2019

Thathar air am plana seo a chur ri chèile fo Earrann 3 de dh' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aonta a chur ris le Bòrd na Gàidhlig air 11 Òg Mhìos 2014.

FACAL-TOISICH

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath air a bhith an sàs gu mòr ann a bhith a' toirt taic do chànan is chultair na Gàidhlig airson còrr is 20 bliadhna. Mar ùghdarras ionadail a bhios a' frithealadh air iomadh cultar, tha rùn solarachaidh na Gàidhlig againn a leasachadh agus bidh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' dol an cois còrr air 50 buidheann poblach eile ann a bhith a' toirt air adhart a' Phlana Gàidhlig aca fhèin.

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) aontachadh gus inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil an Alba leis an aon cho-ionannachd spèis is a thathar a' toirt don Bheurla. Tha am Plana Gàidhlig againn a' mìneachadh mar a bhrosnaicheas agus a chleachdas sinn a' Ghàidhlig taobh a-staigh ar cuid obrach agus air feadh Siorrachd Inbhir Àir a Tuath. Tha e a' toirt buaidh air seirbheisean iomlan na Comhairle agus tha grunn roinnean air a bhith ag obair còmhla gus a thoirt air adhart. Thèid sreath de thachartasan co-chomhairleachaidh agus sgrùdadh air-loidhne a chumail don phobail agus ar com-pàirtichean taobh a-muigh gus am beachdan fhaighinn mus cuirear crìoch air a' Phlana.

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh o chionn ghoirid air an ullachadh againn airson nan Tràth-bhliadhnaichean, Cultar na Gàidhlig agus Foghlam do dh'Inbhich agus air còmhraidhean a chumail le coimhearsnachdan mun ullachadh a tha ann an-dràsta de thogail-cànain bhunaiteach le bhith a' cur ri mothachadh air cultar is eachdraidh na h-Alba, fiosrachadh is mothachadh a thoirt do phàrantan, teagasg ann an ceòl is ann an dannsa Albannach. A thuilleadh air sin tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh air sgilean Gàidhlig ar luchd-obrach.

Tha bunait math againn airson fàs oir tha ùidh mhòr ga nochdadh ann a bhith a' gabhail pàirt ann an tachartasan cultarail na Gàidhlig leithid an fhèis bhliadhnail, cluiche na clàrsaich, am bogsa agus na fìdhle, bàrdachd, ealan is òran. Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' gealltainn taic a chumail ri amasan a' Phlana Gàidhlig agus a bhith adhartach ann a bhith gan cuir an gnìomh gu co-rèireach.

Tha mòran adhbharan ann airson a bhith moiteil: an obair le buidhnean Tràth Bhliadhnaichean ann an Arainn a' cuir taic ri togail cànain, Bookbug sa Ghàidhlig agus seiseanan fiosrachaidh dha pàrantan; togail cànain is cultar na Gàidhlig taobh a-staigh a' Churraicealaim airson Sar-mhathais anns a' phròiseact ainmean-àite againn "Baile mor agus Baile beag" agus a' cleachdadh ar com-pàirtean le Opera na h-Alba agus Urras Tèatar is Ealain Arainn gus ionnsachadh Gàidhlig tro thachartasan cultarail a libhrigeadh.

Tha dualchas làidir solarachaidh na Gàidhlig agus na còmhraidhean againn o chionn ghoirid le coimhearsnachdan a' toirt bunait làidir don chiad Phlana Gàidhlig againn, a tha a' sealltainn ar misneachd gum bi sinn soirbheachail le bhith a' leasachadh agus a' brosnachadh na Gàidhlig air feadh Siorrachd Inbhir Àir a Tuath.

Elma Mhoireach

Ceannard

Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath

Clàr-innse

Facal-toisich	1
Giorrachadh	3
Structair a' phlana Gàidhlig	4
CAIBIDEIL 1 - RO-RÀDH	5
Na tha air chùl leasachadh nam planaichean Gàidhlig	5
Sealladh farsaing air obair Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath agus air cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh raon ar cuid obrach	6
CAIBIDEIL 2 – Geallaidhean bunaiteach	14
Earrann 1 - Ìomhaigh	15
Earrann 2 - Conaltradh	17
Earrann 3 – Foillseachaidhean	20
Earrann 4 – Luchd-obrach	23
CAIBIDEIL 3 - Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig	26
Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig	26
Sealladh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig	26
1. Togail Cànain	27
2. Cleachdadh Cànain	29
3. Inbhe a' Chànain	30
4. Corpas a Chànain	31
CAIBIDEIL 4 – Cur an Gníomh agus Dearcnachadh	33
Clàr-ama	33
Foillseachadh a' Phlana	33
A' Dearcnachadh Gníomhachadh a' Phlana	34
Fios Conaltraidh	35

Giorrachadh

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt riatanach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail làithreach na h-Alba. Tha rùn aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ris na cinnchrìche am broinn Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha i ag obair le coimhearsnachdan is com-pàirtichean gus na structaran is tionnsgnaidhean a tha a dhìth gus a dhèanamh cinnteach gu bheil seasmhachd an dàn don Ghàidhlig ann an Alba a chur an sàs.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' tuigsinn gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus gun nochdar seo san àireamh bheag a tha nas lugha nan àireamh cuibheasach nàiseanta¹ de luchd-labhairt na Gàidhlig san sgìre againn. Obraichidh sinn le coimhearsnachdan is com-pàirtichean gus a dhèanamh cinnteach gum broснаich sinn ùidh ann an cultar na Gàidhlig agus gun cuir sinn togail is cleachdadh a' chànan air adhart ann an dòighean a tha iomchaidh, seasmhach agus ro-ghnìomhach.

'S e Dreachd Phlana Gàidhlig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a tha san sgrìobhainn seo, air ullachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur am follais mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig anns an obair againn, mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach fhad is a thathar ri conaltradh ris a' phoball, ri oileanaich agus ri luchd-pàirteachaidh agus mar a chuireas sinn air adhart is a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig. Obraichidh sinn le Bòrd na Gàidhlig, Com-pàirtichean ri Dealbhadh-coimhearsnachd agus na coimhearsnachdan againn gus cur ri ìomhaigh is cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha làitheil Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath. Is e ar miann gun cuir seo ri libhrigeadh *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus gun cuir e ri dìon na Gàidhlig airson nan ginealach ri tighinn ann an Alba.

Chaidh plana Gàidhlig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le mothachadh air *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

¹ 0.51% mar mu choinneamh 1.1%

Structair a' Phlana Gàidhlig

Is iad na mìrean bunaiteach anns a' Phlana Gàidhlig againn:

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' toirt seachad fiosrachaidh mun eachdraidh agus mun t-suidheachadh a thaobh ullachadh nam Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus structar phrìomh raointean-obrachaidh Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath. Tha e cuideachd a' toirt giorrachaidh air àireamhan luchd-labhairt is obair coimhearsnachdan na Gàidhlig ann an sgìre an ùghdarras, stèidhichte air an sgrùdadh as ùire oirnn ann an Lùnastal 2013.

Caibideil 2 – Geallaidhean Bunaiteach

Tha a' chaibideil seo ag innse mar a chleachdas agus mar a cheadaicheas Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath cleachdadh na Gàidhlig nar cuid obrach. Tha e a' sealltainn ris na prìomh raointean-obrach leithid ìomhaigh chorporra, sanasan, conaltradh ris a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn. Tha a' chaibideil seo a' socrachadh *na h-ìre as ìsle* de dh'ullachadh Gàidhlig a bhios sinn a' gealltainn fad beatha a' Phlana.

Caibideil 3 - Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig: a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chuidicheas Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath le gnìomhachadh *Plana Nàiseanta na Gàidhlig*. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha sinn airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an dealbhadh seirbheis is libhrigidh.

Earrann 4 – Cur an Gnìomh agus Dearcnachadh

Tha a' chaibideil seo ag innse mar a thèid cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig againn a thoirt air adhart agus mar a thèid cur an gnìomh is toraidhean a sgrùdadh.

CAIBIDEIL 1 – RO-RÀDH

Na tha air Chùl Leasachadh nam Planaichean Gàidhlig

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil leis an aon cho-ionannachd spèis is a thathar a' toirt don Bheurla.

Aonan de na nithean as cudromaiche ann an Achd 2005 is e an t-ullachadh a bheir comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach planaichean Gàidhlig a chur ri chèile. Chaidh an t-ullachadh seo a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gun cuidich an earrann phoblach ann an Alba gus seasmhachd a thoirt don Ghàidhlig le bhith a' cur ris an inbhe is an ìomhaigh aice agus a' cruthachadh chothroman gus a cleachdadh.

Fo Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Gàidhlig aca thoirt gu aire nam buidhnean uile aig a bheil ùidh sa chùis. Chuir Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath comhairle gu follaiseach mu dhreachd a' phlana Ghàidhlig aice ann an 2014 agus thug i aire do bheachdan a fhuair i ri linn a' phròiseas comhairleachaidh.

Ceadachadh Plana Gàidhlig Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir:

Chaidh Plana Gàidhlig Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig gus a cheadachadh air 28mh Gearran 2014.

Sealladh farsaing air obair Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath agus air cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh raon ar cuid obrach

1. Siorrachd Inbhir Àir a Tuath

Is e ùghdarras ionadail le meudachd mheadhanach a tha ann an Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath air taobh an iar na h-Alba a' frithealadh air slugh de 138,200 (Cunntas-sluaigh 2011). Tha sgìre an ùghdarras ionadail air a roinn eadar tìr-mòr agus dà eilean – Arainn agus Cumaradh. Am measg nam prìomh bhailtean tha Àird Rosain, A' Bheithe, Tràigh a' Chaisteil, Dail Ruighe, Irbhinn, An Leargaidh Ghallta, Port a' Mhuilinn, Cill Dingean, Baile an t-Salainn, Baile Steaphain agus Cille Bhrìghde an Iar.

Tha Siorrachd Inbhir Àir a Tuath fa leth, àlainn agus farsaing; na mion dealbh de na nithean as fheàrr ann an Alba. Le iomall creagach na mara, tràighean barraichte agus eilean suaicheanta Arainn agus an dà Chumaradh, tha i uasal à cumadh a tire is às a' chultar is an dualchas aice. Tha turasachd na mìr cudromach den sgìre agus bidh caistealan àrsaidh, na togalaichean eachdraidheil Abaid Chill Daingean is Ionad-dualchais Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath agus fèisean dualchasach leithid Fèill Mhoire is Fèis Lochlannach na Leargaidh Gallta a' ceangal na coimhearsnachd ris an dualchas aice agus a' cruthachadh mothachaidh mu àite. Tha dualchas is cultar na Gàidhlig na phàirt chudromach den seo tro chànan, chleachdaidhean, sgeulachdan, bheachdan, cheòl is bheul-aithris.

Tha dùil gun lùghdaich àireamh an t-sluaigh le mu 10,000 uile-gu-lèir ri linn àrdachaidh air imrich-a-mach, le daoine òga gu h-àraidh. A rèir Clàr Easbhaidh Iomadhach na h-Alba, tha 17.9% de shluagh Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ann an easbhaidh teachd-a-steach, agus is e an t-àite as motha easbhaidh Meadhan Àird Rosain, an taca ri ìre nàiseanta de 13.4%. Tha na h-àireamhan as ùire bho Crìoch air Bochdainn-cloinne a' sealltainn gu bheil 25% den chloinn ann an Siorrachd Inbhir Àir a Tuath ann am bochdainn.

2. Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath air aon de 32 de dh'ùghdarrasan ionadail ann an Alba a chaidh a stèidheachadh le Achd Riaghaltais Ionadail (Alba) 1994. Chaidh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a chruthachadh air 1 Giblean 1996, a' tighinn an àite Chomhairle Sgìre Choineagain. Tha e an urra rithe foghlam, seirbheisean sòisealta, seirbheisean cultarail is coimhearsnachd, rathaidean, rianachd air sgudal, leasachadh eaconamach, dealbhadh, taigheadas, slàinte na h-àrainneachd agus dealbhadh-èiginn a libhrigeadh.

Tha 30 Comhairlichean aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath, a riochdaicheas fear an urra aon de dh'ochd roinn-taghaidh le Iomadh Ball. Anns gach roinn-taghaidh ann an Siorrachd Inbhir Àir a Tuath tha 3 no 4 Comhairlichean. Chaidh na Comhairlichean a tha againn an-dràsta a thaghadh aig Taghaidhean Riaghaltais Ionadail na h-Alba a chaidh a chumail air 3 Cèitean 2012. Tha a' Chomhairle air a dèanamh suas de 12 Comhairlichean bho Phartaidh Nàiseanta na h-Alba (PNA), 11 Comhairlichean bho Phartaidh Làbarach na h-Alba, 1 Comhairliche Tòraidheach

agus 6 Comhairlichean Neo-eisimeileach. Is e a' bhuidheann ris a bheil co-dhùnaidhean is poileasaidhean na Comhairle an urra an Caibineat. Tha obair a' Chaibineit ga dearcnachadh le Comataidh Sgrùdaidh agus Athchuingean. Tha caochladh chomataidhean eile aig a' Chomataidh a bhios a' gabhail beachd air nithean a bhuineas ri gnòthach na Comhairle. Is e sin:

Comataidh nan Tagraidhean

Comataidhean nan Sgìrean airson:

Sgìre Àird Rosain, Arainn, Bhaile an t-Salainn agus Bhaile Steaphain

Sgìre Ghleann Gairneig agus Cille Bhrìghde an Iar

Sgìre Irbhinn

Sgìre Chill Daingean

Sgìre a' Chosta a Tuath

Comataidh nan Sgrùdaidhean

Comataidh Ceadachaidh

Comataidh Plana-leasachaidh Ionadail

Buidheann Ath-bhreithneachaidh Ionadail

Comataidh Dealbhadh

Comataidh a' Phoileis agus Smàlaidh is Teasairginn

Comataidh Luchd-obrach agus Fastaidh

Chaidh dà Chomataidh-comhairleachaidh ùr a stèidheachadh o chionn ghoirid:

Comataidh-comhairleachaidh na h-Àrainneachd Corporra

Pannal-comhairleachaidh Coimhearsnachd agus Foghlaim Fad-bheatha

Is e caiteachas bliadhnail iomlan na Comhairle rud beag a bharrachd air £332.4 millean, caomhnadh £32 millean bho 2010/11. Tha sinn a' fastadh mu 6500 neach anns na seirbheisean a leanas:

Seirbheisean Deamocratach agus Rianachd;

Foghlam agus Sgilean;

Seirbheisean Sòisealta agus Slàinte;

Ionmhas agus Taic Chorporra; agus

Leasachadh agus Àrainneachd.

Tha a' Chomhairle an ceannas air Com-pàirteachas Dealbhadh-coimhearsnachd Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath. Tha an Aonta Aon Toraidh aice mar bhunait ri obrachadh èifeachdach ann an com-pàirteachas agus e a' cur an cèill nan amasan againn airson Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath; tha seo a' cur ris na sia toraidhean nàiseanta deug aig Riaghaltas na h-Alba. Ann an Aonta Aon Toraidh 2013-2017 tha toraidhean, comharraichearan is targaidean a tha soilleir is air aontachadh agus a tha an urra ris na com-pàirtichean uile. Bidh an 'snàithlean-òir' a' ceangal amasan aig ìre àrd ris na tha luchd-obrach fa leth a' dèanamh nan cuid obrach bho latha gu latha.

Tha Plana Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath 2012-2017 air sealladh adhartach *North Ayrshire – the place to be* a nochdadh. Tha e stèidhichte air na ceithir amasan bunaiteach againn: ath-ùrachadh; daoine is coimhearsnachdan; amasan is cinn-chrìche; agus leasachadh sheirbheisean. Tha dùbhlain nach beag air

a' Chomhairle a thaobh obraichean a thàladh, cur ri imrich-a-steach, cur ri soirbheachadh ann am foghlam, ùrachadh sheirbheisean agus àrdachadh dòchais, a h-uile gin dhiubh ann an suidheachadh eaconamach car doirbh. Tha Prògram dùbhlach aice mu Atharrachaidhean agus bidh i ag obair leis na com-pàirtichean aice air Bòrd-ùrachaidh Leasachaidh Eaconamaich gus na h-amasan aice mu fhàs seasmhach is leasachadh a libhrigeadh. Tha rùn làidir aig a' Chomhairle cur ri comas anns na coimhearsnachdan aice agus nan cuid sheirbheisean agus tha i a' cur ris an uimhir de fhèin-mheasadh is sgrùdadh a thathar a' cleachdadh. Thug i amach Committed to Excellence aig Quality Scotland anns an Ògmhios 2012 agus tha i ag obair air luachadh PSIF mar an ath cheum gus iarrtas Recognised for Excellence a chur a-steach.

3. A' Ghàidhlig taobh a-staigh Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath

Tha cleachdadh na Gàidhlig ri fhaicinn ann am farsaingeachd mòr nan ainmean àite a bhuineas don Ghàidhlig. Mar eisimpleir:

Arainn - Arran;
Cumaradh - Cumbrae;
Àird Rosain - Ardrossan;
Dàil Ruigh - Dalry;
An Leargaidh Ghallda - Largs;
Cill Bhreannain – Kilbirnie;
Cill Dingean - Kilwinning; agus
Cille Bhrìghde an Iar – West Kilbride.

Tha cuimhne aig daoine air àm anns an robh luchd-labhairt dùthchasach na Gàidhlig fhathast ann an Arrainn. Tha a' Chunntas-sluaigh ann an 2011 a' toirt an dealbh as ùire dhuinn de sgilean Gàidhlig, le 0.8% den àireamh-sluaigh a' clàradh sgilean Gàidhlig. Tha taic ri cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh air a sgapadh air feadh na sgìre.

Cleachdaidh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath co-chomhairleachaidh a' Phlana Gàidhlig gus conaltradh a thòiseachadh le coimhearsnachdan gus faighinn amach dè cho comasach sa bhios e fàs is leasachadh fhaighinn air a' Ghàidhlig san sgìre. Tha na roinnean a leanas a' cuir air adhart nan cothroman a tha ann an dràsta agus tha iad sin a' toirt dhuinn bunait air an urrainn sinn togail, a' toirt a-steach Fòram gnìomhach na Gàidhlig, obair inntinneach a thaobh cultar, dualchas agus ceòl agus leasachadh cànan leis na tràth bhliadhnaichean. Cumaidh sinn oirnn a' togail follaiseachd na Gàidhlig anns na prìomh thogalaichean againn agus tha ar gealladh air tòiseachadh leis na cliathan a tha timcheall làrach togail Talla a' Bhaile agus na soidhnichean ùra taobh a-staigh Ionad Cho-labhairt Greenwood.

4. Leasachadh na Gàidhlig ann an Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath air a bhith an sàs gu mòr ann a bhith a' toirt taic do chànan is chultair na Gàidhlig airson còrr is 20 bliadhna. Mar ùghdarras ionadail a bhios a' frithealadh air iomadh cultar, tha rùn againn luchd-labhairt na Gàidhlig againn a leasachadh agus a chuideachadh. Tha an ìre de luchd-labhairt is

luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha a' fuireach anns an sgìre againn nan cuid bheag ach chudromach de chruth sòisealta Shiorrachd Inbhir a Tuath.

Tha an Ro-innleachd Ionnsachaidh Ghàidhlig a' nochdadh plana gus taic a a chur ri ullachadh Gàidhlig. Tha an obair a chaidh a dhèanamh a' toirt a' Phlana Gàidhlig air adhart mu thràth air cuideachadh le bhith a' stèidheachadh comas air cleachdaidh na Gàidhlig agus airson conaltradh a thòiseachadh leis a' phoball mu dhòighean anns an tèid comas co-rèireach a thogail thar ùine.

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh o chionn ghoirid air an ullachadh againn airson nan Tràth-bhliadhnaichean, Cultar na Gàidhlig agus Foghlam do dh'Inbhich. Cuideachd, rinn sinn 3 measaidhean fa leth gus cruth a chur air ullachadh na Gàidhlig againn bho 2014-2019, le tòrr dheasbadan anns na coimhearsnachdan.

Thathas air tagraidhean a chuir a-steach airson Oifigear Leasachaidh Gàidhlig a mhaoineachadh gus a bhith ag obair le coimhearsnachdan agus luchd-obrach na Comhairle airson cùisean a thoirt air adhart gus a bhith a' libhrigeadh Gàidhlig sna Bun-sgoiltean agus ionnsachadh na Gàidhlig. Bidh comas air leughadh, sgrìobhadh agus labhairt fileanta sa Ghàidhlig na sgil riatanach dhaibh.

4.1 Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

Chan eil poileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a-Tuath airson a bhith a' brosnachadh gu gnìomhach Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig do phàrantan. Chan eil solarachadh FTMG no CGBS ann an Siorrachd Inbhir Àir a Tuath aig an àm seo. Tha teaghlaichean 5 sgoilearan bun-sgoile ann an Siorrachd Inbhir Àir a-Tuath air iarratas a nochdadh airson Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig agus tha a' chlann sin air an oideachadh an-dràsta còmhla ri le clann FTMG eile, 3 ann an Inbhir Chluaidh agus 2 ann an Glaschu. Aig an ìre seo, is e am poileasaidh corporra a tha againn oideachadh a thoirt don chloinn againn a nochdas ùidh ann am FTMG, ann an com-pàirteachas ri Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle Inbhir Chluaidh no Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear.

Chum Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath conaltradh a' dol le coimhearsnachdan a thaobh Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' toirt cuireadh do Chomhairlean nam Pàrant an co-chomhairleachaidh air an dreachd Phlana Gàidhlig a fhrithealadh. Thàinig cuid gu na coinneamhan gus an ùidh ann am FTMG a nochdadh. Air feadh beatha a' Phlana Gàidhlig thèid co-chomhairleachaidh ùr mu sholarachadh Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chumail. Thèid faighneachd do Cheannardan, Chomhairlean Pàrant agus do pàrantan am beachdan air Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus comas leasachaidh, mar eisimpleir tron iomairt 1+2, a chuir an cèill. Tha e cudromach gun tèid slighean adhartais bho obair aig ìre trath-bhliadhnaichean a leasachadh agus gun tèid sin a dhearbhadh dha pàrantan a tha airson gun tèid a' chlann aca oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Mar thoradh air an seo, dh' fhaodadh gum bi feum air solarachadh com-pàirteachaidh a thaobh FTMG le comhairlean ri ar taobh. A rèir mar a thèid leis an seo, dh' fhaodadh gum bi e feumail aontan ìre seirbheis a leasachadh gus slighean FTMG a stèidheachadh gu foirmeil agus gu poblach. Is dòcha gun dùisg seo àrdachadh mòr anns an ùidh a thèid a nochdadh ann am FTMG agus dhèanadh a' Chomhairle an uairsin sgrùdadh

air mar a b' urrainn fuasgladh fhaighinn air cùisean maoineachaidh is fastaidh luchd-obrach airson FTMG a thabhan nas ionadaile.

Tha mothachadh na Gàidhlig mu thràth air a thoirt a-steach do sheirbheisean cultarail is foghlaim agus thèid tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh gus faighinn a-mach mar a b' urrainn cothroman ionnsachaidh a thabhan ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean tron Churraicealaim airson Sàr-mhathais agus tro thachartasan fo stiùir Choimhearsnachd is Chultair.

4.2 Na Tràth-bhliadhnaichean

Tha Neach Gàidhlig nan Tràth-bhliadhnaichean ag obair ann an Arainn fhathast a' cuideachadh le togail a' chànan, Bookbug Gàidhlig agus seiseanan-fiosrachaidh do phàrantan. Tha com-pàirteachas le Opera na h-Alba agus Urras Tèatar is Ealain Arainn air cur ri foghlam stèidhichte air Gàidhlig tro obair chultarail; mar thoradh air a' chiad fhear dhiubh seo thàinig CPD luchd-teagaisg a dh'adhbharaich cluich còrr is 40 turas ann an sgoiltean agus bidh an dara fear dhiubh mar bhunait ri Slighe Dhualchasach Ghàidhlig ann an labhairt agus air an Lìon anns an eilean. Leanaidh prògram Gàidhlig nan tràth-bhliadhnaichean ann an Arainn air adhart le 6 de luchd-oideachaidh an sàs. Cumaidh sinn oirnn a' cur barrachd ris an obair-chuideachaidh le sgoiltean is ionadan-àraich tro Neach Gàidhlig nan Tràth-bhliadhnaichean ann an Arainn agus barrachd leasachadh-cànain a bhrosnachadh anns a' choimhearsnachd.

Tha sinn a' cur ri canan is cultar na Gàidhlig ann an com-pàirteachais a' Chlàir-oideachaidh airson Sàr-mhathais le bhith a' leasachadh pròiseact "Baile mòr agus Baile beag" againn barrachd, pròiseact ioma-chruthach a leigeas le clann-sgoile ann an Siorrachd Inbhir Àir a Tuath ceangal a dhèanamh ri freumhan Gàidhlig nam bailtean eadar mhòr is bheag san ùghdarras tro ainmean-àite. Nì sgoiltean ionadail sgrùdadh air briathrachas a bhios a' nochdadh gu bitheanta san sgìre mun cuairt oirnn. Bidh buidhnean-obrach fad latha ann le luchd-teagaisg ioma-chuspaireil le ceangal ris a' Ghàidhlig, an sàs ann an cuspairean mar pheantadh, sheinn is bhàrdachd. Thèid an obair seo a dhaingneachadh le buidhnean-obrach ann am film, ag amalachadh nan seiseanan a bha ann roimhe le dealbhan-beò.

Nì na buidhnean-obrach bunait airson chlasaichean sa chànan san ùine fhada, gu sònraichte aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean. Feuchaidh an t-seirbheis ri pàrantan gun Ghàidhlig a chuideachadh gus eòlas a chur air a' chànan le bhith a' cur chlasaichean-ionnsachaidh iomchaidh do theaghlaichean air bhonn mar thaic ri libhrigeadh anns nan tràth-bhliadhnaichean.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ag aithneachadh gum feum ar cuid obrach leis na tràth-bhliadhnaichean a leudachadh. Tha Riaghaltas na h-Alba air £50,000 a thoirt seachad gus togail air na tha iad air a dhèanamh mu thràth le bhith a' leasachadh deagh phrògram de thogail na Gàidhlig am measg nan tràth bhliadhnaichean. Cleachdaidh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath an tasgadh seo gus clasaichean tràth bhliadhnaichean is eile a thabhan aig Talla a' Bhaile ann an Irbhinn, a chaidh ùrachadh o chionn ghoiris. Cuidichidh an ionmhas le bhith a' solarachadh Bookbug sa Ghàidhlig, dòigh ionnsachaidh tharraingeach is thlachdmhoir do theaghlaichean is phàrantan airson tuilleadh fhaighinn a-mach mun

Ghàidhlig is a cultair airson taic a thoirt don chloinn aca nuair a tha iad ag ionnsachadh. Bheir Talla a' Bhaile seachad fòcas airson cultar, dualchas is cànan na Gàidhlig ann am meadhan Irbhinn.

Cleachdaidh sinn an co-chomhairleachaidh air a' Phlana Gàidhlig gus sgrùdadh a dhèanamh air iarrtas airson Gàidhlig anns na tràth-bhliadhnaichean air tìr-mòr agus mar a b' urrainn sgilean Neach Gàidhlig nan Tràth-bhliadhnaichean ann an Arainn no solaraichean eile a sgaoileadh nas fharsainge, tro Glow, no ann am bun-sgoiltean air tìr-mòr le taic maoinachaidh bhon taobh a-muigh.

4.3 Foghlam-coimhearsnachd agus Leasachadh-coimhearsnachd

Dh'adhbharaich atharrachaidhean o chionn ghoirid air ìre an Tabhartais Shònraichte agus an taobh a-staigh Sgioba Leasachadh-coimhearsnachd na Comhairle co-chomhairleachadh le coimhearsnachdan mun ullachadh a tha ann an-dràsta de togail-cànain bhunaiteach le bhith a' cur ri mothachadh air cultar is eachdraidh na h-Alba, fiosrachadh is mothachadh a thoirt do phàrantan, teagasg ann an ceòl is ann an dannsa Albannach.

Tha sinn mothachail air na sriantan a tha rinn gun bhuidheann de luchd-teagaisg aig a bheil Gàidhlig bho dhùthchas ri làimh agus tha fios againn, gus an soirbhich leis a' Phlana againn, gum bi againn ri bhith ag obair leis na coimhearsnachdan agus am prògram ann an ullachadh luchd-teagaisg a tha againn a neartachadh. Tha an luchd-teagaisg againn nan luchd-labhairt brosnachail is comasach ach gun ullachadh foirmeil ann an teagasg a' chànain air a' chuid as motha. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gum bi e air chomas don luchd-teagaisg againn lìbhrigeadh aig na h-ìrean as àirde airson nan amasan a tha againn taic a chur ri Gàidhlig gus am bi i seasmhach agus slighean air adhart a thairgse don luchd-ionnsachaidh againn.

Tha eòlas farsaing aig Comhairle Shiorrachd Inbhir a Tuath ann an cur Cultar na Gàidhlig air adhart, le bhith a' cur ris an ìre de ghnòthaichean cultarail Ceilteach, an fhèis bhliadhnail, cluich na clàrsaich, a' bhogsa agus na fìdhle, bàrdachd, ealain Cheilteach, seinn is sgeulachdan, tachartasan eachdraidheil a h-uile dara bliadhna ann an ionadan-choimhearsnachd agus leabharlannan.

Chaidh suirbhidh a dhèanamh air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an 2012 agus ghabh 59 neach pàirt,²39 nam boireannaich agus 17 nam fireannaich. Seo giorrachadh air na toraidhean:

Comas an-dràsta	Bruidhinn Gàidhlig gu fileanta	Comas-leughaidh ann an Gàidhlig	Comas-sgrìobhaidh ann an Gàidhlig
Luchd-tòiseachaidh	16	15	19
Eadar-mheadhanach ìseal	24	22	24
Eadar-mheadhanach àrd	14	14	11
Adhartach/Fileantaich	4	6	3

² Cha do chrìochnaich gach neach gach roinn

Bha dìreach aon neach an sàs ann an ionnsachadh nach robh ga thoirt seachad leis a' Chomhairle agus b' e neach eile an aon neach nach robh den bheachd gun robh Gàidhlig gu math cudromach no glè chudromach. Bha dìreach aon neach aig an robh clann ann am FTMG. Bha libhrigeadh an ionnsachaidh sgapte thairis air 11 de choimhearsnachdan. Bha farsaingeachd fhreagairtean bho luchd-ionnsachaidh nuair a chuireadh ceist orra mun roghainn aca mu chur nan clasaichean air dòigh le 16 ag iarraidh clas 2 uair a thìde air an oidhche ach thuir mòran den fheadhainn a fhreagair gum biodh iad sùbailte le bhith a' taghadh caochladh roghainnean – cùrsa tron latha, neo-fhoirmeil, Gàidhlig chòmhraideach, deireadh-seachdain, àm-lòn tron t-seachdain, cùrsa-fuirich agus ionnsachadh air do cheann fhèin.

4.4 Gàidhlig agus na com-pàirtichean againn

Tha Fòram Gàidhlig ann a chaidh a stèidheachadh o chionn fhada agus a tha air a bhith an sàs fad mòran bhliadhnaichean ann an an cur clasaichean Gàidhlig is gnothaichean cultarail Gàidhlig air adhart agus a' toirt seachad fiosrachaidh. Tha e na chom-pàirtiche cudromach anns an ath-bhreithneachadh againn air Foghlam Luchd-ionnsachaidh Ghàidhlig, air an cuir co-chomhairleachadh 2013 cruth. Bidh ullachadh Gàidhlig ag atharrachadh ann an Siorrachd Inbhir Àir agus thathar air deasbaireachd a chumail leis na h-ùghdarrasan againn ann an com-pàirteachas feuch am faod sinn obrachadh còmhla gus barrachd ceangail a dhèanamh ris a' Ghàidhlig agus ullachadh Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig, gus am bi an fhreagairt a bheir sinn sa Phlana Ghàidhlig againn ro-ìomchaidh ach ìomchaidh nuair a bhios teannachadh ann.

4.5 Leabharlannan

Tha Leabharlannan Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath air cruinneachadh farsaing de leabhraichean Gàidhlig a cheannach airson gach ìre. Tha iad gan gleidheadh an-dràsta sna Leabharlannan ann an Irbhinn agus anns a' Bheithe ach tha cothrom orra ma thèid an iarraidh aig an Leabharlann as fhaisge aig a' Chomhairle. Tha cùrsaichean Gàidhlig rim faotainn cuideachd gus stuth a ghabhail air iasad a thèid a libhrigeadh don roghainn leabharlann agad, a' cleachdadh app fòn-làimhe nan leabharlannan-siubhail. Tha mu 600 de mhìrean gan gabhail air iasad gach bliadhna. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cuideachadh luchd-obrach an leabharlann le bhith a' taghadh stuthan ùra Gàidhlig airson leabharlannan, agus ged is a pròiseas leantainneach a tha an seo, bithear a' toirt lèirmheas bliadhnail de stuthan Gàidhlig a-steach do Phoileasaidh Leasachaidh Tionail an leabharlann.

4.6 Sgilean luchd-obrach

Chan eil dreuchdan sam bith an-dràsta taobh a-staigh na buidhne far a bheil cleachdadh na Gàidhlig na dhleastanas ainmichte no na riatanas miannaichte. Chaidh sgrùdadh air sgilean luchd-obrach a thòiseachadh mar chuid de leasachadh a' Phlana Ghàidhlig. Fhuair sinn 215 freagairt agus tha sinn a-nis a' tuigse comas nan sgilean Gàidhlig a tha againn fhìn.

Comas an-dràsta	Tuigse na Gàidhlig	Bruidhinn Gàidhlig gu fileanta	Comas-leughaidh ann an Gàidhlig
Luchd-tòiseachaidh	36	28	31
Eadar-mheadhanach ìseal	5	3	4
Eadar-mheadhanach àrd	0	0	2
Adhartach/Fileantaich	3	3	3

Ann an tuilleadh sgrùdaidh, fhreagair 11 neach-obrach gum bi iad a' cleachdadh Gàidhlig le luchd-ceannach co-dhiù aon uair sa bhliadhna. Nochd 76 neach-obrach ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, tha 2 neach-obrach an-dràsta ga h-ionnsachadh agus thuit 5 gu robh iad riarichte len cuid fileantais. Tha seo a' toirt seachad bunait làidir airson leasachaidh agus, ann an conaltradh le Bòrd na Gàidhlig, thathas a' moladh paca e-ionnsachaidh do luchd-obrach a leasachadh. Bidh cur ri comas an luchd-obrach mar aonan de na mìrean as bunaitiche den Phlana Ghàidhlig

Ann an seisean air Mothachadh mu Ghàidhlig o chionn ghoirid, dh'aontaich 100% de na bha an làthair gu bheil mothachadh Gàidhlig buntainneach don obair aca an-dràsta agus san àm air thoiseach. Am measg nam beachdan bha: 'Tuigidh mi a-nis carson a tha sinn a' toirt Gàidhlig a-steach ann an tionnsgnaidhean san ùine air thoiseach seach a bhith ga dhèanamh o chionn is gum b' e sin plana na comhairle' agus 'tha e air ùidh ann am mothachadh Gàidhlig a spreagadh; tha fiughair agam ri plana Shiorrachd Inbhir Àir fhaicinn agus ri slighean anns an urrainn dhomh bhith an sàs'.

CAIBIDEIL 2 – GEALLAIDHEAN BUNAITEACH

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ag aithneachadh cho cudromach sa tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha iad a' gealltainn follaiseachd na Gàidhlig a leudachadh, a h-ibhe àrdachadh agus spèis co-ionannachd a nochdadh do Bheurla is do Ghàidhlig anns gach seirbheis is goireas agus thèid seo a thabhann gu for-ghnìomhach. Tha Plana Gàidhlig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' stèidheachadh na ceud cheumannan airson sheirbheisean.

Anns an stiùireadh reachdail aige mu Ullachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig ag ràdh gu bheil cruthachadh an t-suidheachaidh as fheàrr gus Gàidhlig a chleachdadh san t-saoghal phoblach air aon de na mìrean as bunaitiche de dh'ùrachadh-cànain. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean de lìbhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh a tha ag iarraidh gun cuir buidhnean poblach orra agus Planaichean Gàidhlig gan cur ri chèile aca:-

Ìomhaigh:	Ìomhaigh chorporra Sanasan
Conaltradh:	Ionad-fàilte Fòn Post agus post-dealain Bileagan Coinneamhan poblach Modhan gearain
Foilseachaidhean:	Dàimh phoblach agus na meadhanan Stuth air a chlà-bhualadh Làraich-lìn Taisbeanaidhean
Luchd-obrach:	Trèanadh Ionnsachadh-cànain Fastadh Sanasachd

Bheir an earrann seo den phlana gealltanasan bunaiteach Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath mu “Stiùireadh a' Bhùird air Cruthachadh nam Planaichean Gàidhlig”.

Tha gach gealltanais ga thoirt mar a leanas:

1. Cleachdadh an-dràsta
2. Prìomh raointean a thaobh leasachaidh
3. Amasan
4. Ùine
5. Oifigear-stiùiridh

Earrann 1 - Ìomhaigh

Bidh a' Ghàidhlig ann an ìomhaigh chorporra agus sanasan ùghdarras poblach a' cur gu mòr ri ìomhaigh a' chànain, ri a h-inbhe agus a' dèanamh aithris gu math cudromach air an luach a thathar a' cur air a' Ghàidhlig is air an urram a thathar a' toirt dhith. Faodaidh leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cur ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig cuideachd agus cur ri leasachadh a' chànain.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cur ri follaiseachd is inbhe na Gàidhlig.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
<i>Aithne chorporra:</i>			
Cleachdaidhean an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns an ìomhaigh chorporra aice agus chan eil i a' cur Gàidhlig sam bith san ìomhaigh chorporra an-dràsta.		
Prìomh raointean leasachaidh	Leasaich poileasaidh air cleachdadh Gàidhlig ann an aithne chorporra an NAC stèidhte air prionnsapal co-ionannachd spèis airson Gàidhlig agus Beurla, agus le amas air a' Ghàidhlig a thoirt a-steach san t-sruth mar phàirt de aithne chorporra na Comhairle.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bliadhna 1
	Taisbean srabag is suaicheantas corporra anns an dà chànain (Gàidhlig is Beurla) gus co-ionannachd spèis a nochdadh do na cànanan agus cleachd iad mar sin thar an ùghdarras, mar a bhios feum air feadhainn ùra.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Mar a bhios feum air feadhainn ùra
	Cuir Gàidhlig air adhart tro thachartasan a bheir mothachadh don luchd-obrach is do bhuill air an taghadh agus tro thachartasan co-chomhairleachaidh poblach.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhlìadhna 1
	Thoir a-steach beagan susbaint anns an dà chànain air làrach-lìn na Comhairle agus leasaich susbaint mun Phlana Gàidhlig, air Foghlam Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus gnothaichean cultarail Gàidhlig ann an Siorrachd Inbhir Àir a Tuath airson làrach-lìn na Comhairle.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhlìadhna 1

	Thoir a' Ghàidhlig a-steach do phàipearachd nuair a thèid a chlà-bhualadh a-rithist.	Taic Ionmhais is Chorporra	Mar a bhios feum air feadhainn ùra
--	--	----------------------------	------------------------------------

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Soidhnichean (a-staigh agus a-muigh):			
Cleachdaidhean an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns na soidhnichean aice agus chan eil i a' cur Gàidhlig sam bith sna soidhnichean corporra aice an-dràsta.		
Prìomh raointean leasachaidh	Nochdaidh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig nuair a thèid a' Ghàidhlig a thoirt a-steach do shanasachd taobh a-muigh is taobh a-staigh.	Leasachadh is Àrainneachd	Bho Bhliadhna 1
	Thoir Gàidhlig a-steach ann an soidhnichean air an taobh a-muigh, mar eisimpleir Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ann am prìomh thogalach na Comhairle, prìomh oifis seirbheisean luchd-chleachdaidh agus togalaichean corporra eile far a bheilear a' cleachdadh Gàidhlig.	Leasachadh is Àrainneachd	Nuair a bhios feum air feadhainn ùra/ càradh/togalaichean ùra
	Thoir Gàidhlig a-steach ann an soidhnichean air an taobh a-staigh, mar eisimpleir Fàilte ann am prìomh thogalach na Comhairle, ann an togalaichean cudromach leithid prìomh oifis seirbheisean luchd-chleachdaidh agus togalaichean corporra eile far a bheilear a' cleachdadh Gàidhlig.	Leasachadh is Àrainneachd	Nuair a bhios feum air feadhainn ùra/ càradh/togalaichean ùra
	Thoir Gàidhlig a-steach ann an soidhnichean-rathaid stairsnich nuair a bhios feum air feadhainn ùra	Leasachadh is Àrainneachd	Bho Bhliadhna 1

Earrann 2 - Conaltradh

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad àite a thachras am poball ris an ùghdarras phoblach a' meudachadh na bhios ga fhaicinn is ga chluinntinn den chànan, agus a' cur ris a' mhothachadh gu bheil comas agus cothrom aca Gàidhlig a chleachdadh. A bharrachd air a bhith a' togail inbhe na Gàidhlig, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh fàilteachas sìmplidh agus a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh nuair a bhios iad a' gabhail gnothaich ris a' bhuidheann phoblach an dèidh sin.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ag aithneachadh gu bheil e cudromach gun tèid cothroman practaigeach a chruthachadh airson an cànan a chur gu feum, agus cur ris a' mhothachadh gum bi fàilte agus furan ann a chleachdadh. Bidh cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh na Comhairle a rèir toraidhean a' cho-chomhairleachaidh phoblaich agus comas luchd-obrach na comhairle cuideachadh ri bhith ga cleachdadh nas fharsainge.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus Gàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice cur ris an ìre de dh'ullachadh anns an raon seo.

Gnìomh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Leasachaidh			
Fàilteachadh:			
Cleachdaidhean an-dràsta	Chan eil solarachadh Gàidhlig sam bith aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ann an ionadan fàilte aig an àm seo.		
Prìomh raointean leasachaidh	Cuir Gàidhlig air adhart tro thachartasan a' cur ri mothachadh do luchd-obrach fàilteachaidh.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	Leasaich agus sònraich trèanadh mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach fàilteachaidh sa chiad àite, agus leudaich sin gu luchd-obrach eile fad ùine a' Phlana. Thèid seo a bhrosnachadh gu for-ghnìomhach tro Sheirbheis Ionnsachaidh is Leasachaidh.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1

	Sònraich luchd-obrach air feadh na comhairle a bhiodh deònach trèanadh ann an Gàidhlig fhaotainn.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	Bidh sinn gu cunbhalach a' brosnachadh agus a' misneachadh luchd-obrach cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig a ghabhail.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	Thoir a-steach beagan susbaint anns an dà chànan air làrach-lìn na Comhairle agus leasaich susbaint mun Phlana Gàidhlig, air Foghlam Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus gnothaichean cultarail Gàidhlig ann an Siorrachd Inbhir Àir a Tuath airson làrach-lìn na Comhairle.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Fòn:			
Cleachdaidhean an-dràsta	Cha bhith Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' cleachdadh Gàidhlig nuair a bhios iad a' freagairt fhiosan fòn.		
Prìomh raointean leasachaidh	Cuir Gàidhlig air adhart tro thachartasan a' cur ri mothachadh do luchd-obrach.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	Leasaich agus sònraich trèanadh mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach. Thèid seo a bhrosnachadh gu for-ghnìomhach tro Sheirbheis Ionnsachaidh is Leasachaidh.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	Sònraich luchd-obrach a bhiodh deònach trèanadh fhaotainn ann an cànan na Gàidhlig.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	Bidh sinn gu cunbhalach a' brosnachadh agus a' misneachadh luchd-obrach cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig a ghabhail.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Stiùir	Ùine
Post agus Post-d:					
Cleachdaidhean an-dràsta	Bidh luchd-obrach Coimhearsnachd is Cultair aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' cleachdadh bheannachdan san dà chànan sa phost-dealain aca an-dràsta.				
Prìomh raointean leasachaidh	Cuir air adhart a bhith a' cleachdadh bheannachdan san dà chànan ann an ainmean ann am post-dealain don luchd-obrach aig an ìre as àirde, do bhuill air an taghadh agus do luchd-obrach aig a bheil raon-ùghdarras a thaobh na Gàidhlig		Taic Ionmhais is Chorporra	Bliadhna 1	
	Cuir air adhart a bhith a' cleachdadh thiotalan-obrach san dà chànan ann an ainmean ann am post-dealain.		Taic Ionmhais is Chorporra	Bliadhna 2	

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Coinneamhan Poblach:			
Cleachdaidhean an-dràsta	Chan eil poileasaidh gus Gàidhlig a thoirt a-steach ann an coinneamhan poblach aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath an-dràsta.		
Prìomh raointean leasachaidh	Sònraich luchd-obrach air feadh na Comhairle a bhiodh deònach trèanadh ann an Gàidhlig fhaotainn gus am b' urrainn dhaibh coinneamhan poblach fhàilteachadh agus a thoirt gu crìch.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bliadhna 1
	Dèan cleachdadh na Gàidhlig nas fhasa aig coinneamhan nuair a bhuineas an cuspair ris a' Ghàidhlig agus far a bheil fèill bho luchd-labhairt na Gàidhlig agus brosnach seo.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bho Bliadhna 1

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Modhan gearain:			
Cleachdaidhean an-dràsta	Chan eil poileasaidh gus Gàidhlig a thoirt a-steach do mhodhan-obrach gearain aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath an-dràsta.		
Prìomh raointean leasachaidh	Lorg dòighean airson cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh nas fhasa ann am modhan-obrach gearain, nuair a tha iarratas ann bho luchd-labhairt na Gàidhlig agus brosnach seo.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bho Bliadhna 5

Earrann 3 - Foillseachaidhean

'S urrainn cleachdadh na Gàidhlig ann an sreath de stuthan clò-bhuailte cur ri leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' cuideachadh faicsinneachd a' chànain a mheudachadh, tha e a' cur ri inbhe na Gàidhlig, is i ann am foillseachaidhean iomraiteach, agus faodaidh e cuideachadh briathrachas ùr is gnàthaichte a dheasachadh agus a dhaingneachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh le bhith ag àrdachadh faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Bidh cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh na Comhairle air a chothromachadh a rèir toraidhean a' cho-chomhairleachaidh phoblaich agus comas luchd-obrach na comhairle cuideachadh ri bhith ga cleachdadh nas fharsainge.

Tha rùn aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an grunn fhoillseachaidhean àrd-ìre a bharrachd air foillseachaidhean sna raointean ud far a bheil an cuspair a' bualadh air nithean a tha ceangailte gu sònraichte ris a' Ghàidhlig fhèin.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
<i>Dàimh phoblach agus na meadhanan:</i>			
Cleachdaidhean an-dràsta	Cha bhi Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' cur a-mach brathan-naidheachd Gàidhlig an-dràsta.		
Prìomh raointean leasachaidh	Cuir gnìomhachd is soirbheachas Gàidhlig air adhart do na meadhanan.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	A' leantainn
	Bruidhnidh sinn ris na meadhanan ionadail a thaobh ùidh ann a bhith a' faighinn brathan-naidheachd anns a' Ghàidhlig.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bliadhna 2
	Cuir gnìomhachd is soirbheachas Gàidhlig air adhart do na meadhanan.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	A' leantainn

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Stuth air pàipear:			
Cleachdaidhean an-dràsta	Cha bhi Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' clò-bhualadh stuth ann an Gàidhlig an-dràsta.		
Prìomh raointean leasachaidh	Thoir fiosrachadh seachad agus broснаich anns an dà chànan air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.	Foghlam is Sgilean/Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bliadhna 1
	Thoir sùil às ùr air prìomh sgrìobhainnean corporra eile gus beachdachadh air Gàidhlig a chur annta.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bliadhna 1
	Thoir a-steach solar, cleachdadh is brosnachadh air pàipearan corporra san dà chànan, a bhios a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bliadhna 1

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Làraich-lìn:			
Cleachdaidhean an-dràsta	Chan eil susbaint Ghàidhlig aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath air duilleagan-lìn na Comhairle.		
Prìomh raointean leasachaidh	Thoir a-steach beagan susbaint anns an dà chànan air làrach-lìn na Comhairle agus leasaich susbaint mun Phlana Gàidhlig, air Foghlam Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus gnothaichean cultarail Gàidhlig ann an Siorrachd Inbhir Àir a Tuath airson làrach-lìn na Comhairle.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bliadhna 1
	Dèan ceangal ris na làraich-lìn Gàidhlig iomchaidh	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bliadhna 1

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùir	Ùine
<i>Taisbeanaidhean:</i>					
Cleachdaidhean an-dràsta	Cha bhith Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' cuir air adhart taisbeanaidhean sònraichte sa Ghàidhlig agus a' toirt a' Ghàidhlig a-steach don phrògram àbhaisteach aca.				
Prìomh raointean leasachaidh	Lean air lìbhrigeadh prògram amalaichte de taisbeanaidhean a bheir a' Ghàidhlig a-steach.			Foghlam agus Sgilean	Bliadhna 1

Earrann 4 - Luchd-obrach

Gus seirbheisean a lìbhrigeadh tron Ghàidhlig, feumar na sgilean obrach agus cànan a dh'fheumas an luchd-obrach a leasachadh. Cuiridh cothroman ionnsachadh cànan airson luchd-obrach ri adhartachadh ionnsachadh Gàidhlig mar inbheach, agus ri adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail anns an àite-obrach. Cuiridh an cruthachadh de dh'obraichean anns a bheil Gàidhlig na sgil riatanach no fheumail gu mòr ri inbhe a' chànain, agus ri comharrachadh gur e sgil fheumail a tha innte.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh a thuigsinn gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblach agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarrais phoblaich. Ge b' e dè an ìre de Ghàidhlig a tha a dhìth, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na riatanas-obrach firinneach. Bu chòir do dh' ùghdarrasan slatan-tomhais a ghlacadh is a chur an gnìomh gus a dhèanamh cinnteach gun toirear seachad dreuchdan a rèir Cothrom na Fèinne agus beachd a ghabhail air an eòlas a tha a dhìth airson na h-obrach.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' dèanamh sgrùdaidh air sgilean luchd-obrach agus, gu ruige seo, tha iad air grunn luchd-obrach le Gàidhlig aithneachadh. Bidh leasachadh comas an luchd-obrach mar aonan de na mìrean as bunaitiche den Phlana Ghàidhlig; ach tha an comas a tha ann cleachdadh na Gàidhlig anns an t-saoghal phoblach a chur air adhart air a shrianadh agus is e an dòigh a bhios againn sgilean a leasachadh mus tèid dùil a' phobaill ri cleachdadh nas fharsainghe a thogail.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ag aithneachadh cho cudromach agus a tha e a' Ghàidhlig a mheas mar eòlas-obrach cudromach agus suidheachaidhean far am bi i riatanach no feumail a chomharrachadh. Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath cuideachd ag aithneachadh cho cudromach agus a tha e toirt comas don luchd-obrach cur ris an ìre de Ghàidhlig aca mas e sin am miann agus a rèir feumalachdan a thaobh gnìomhachais.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Fastadh:			
Cleachdaidhean an-dràsta	Chan eil dreuchdan sam bith aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir far a bheil Gàidhlig na riatanas-obrach an-dràsta.		
Prìomh raointean leasachaidh	Thèid dreuchdan far a bheil comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh na riatanas-obrach a shònrachadh agus thèid mar eisimpleir libhrigeadh ionnsachaidh na Gàidhlig, aithneachadh mar riatanas-obrach Gàidhlig. Airson an leithid de dhreuchdan cleachdar sanasan san dà chànan, a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla, agus thèid sùim a thoirt do chomas cànan mar phàirt den phròiseas fastaidh.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	A bhith a' sireadh maoinachadh bhon taobh a-muigh airson Oifigear Leasachaidh Gàidhlig.	Foghlam agus Sgilean	A' leantainn

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Trèanadh (a' gabhail a-steach a' leasachadh agus a' neartachadh sgilean Gàidhlig agus mothachadh na Gàidhlig):			
Cleachdaidhean an-dràsta	Chan eil Comhairle Shiorrachd Inbhir a Tuath a' toirt seachad trèanadh ann an sgilean Gàidhlig don luchd-obrach an-dràsta.		
Prìomh raointean leasachaidh	Dèan sgrùdadh air sgilean luchd-obrach gus na sgilean a tha ann an-dràsta a shònrachadh.	Foghlam is Sgilean/Taic Ionmhais is Chorporra	Bliadhna 1
	Sònraich luchd-obrach is buill taghta a bhiodh deònach trèanadh ann am mothachadh air Gàidhlig fhaotainn agus cuir tàbhachd air a rèir nam feuman a thaobh gnìomhachais, mar eisimpleir an luchd-obrach a tha an sàs ann a bhith a' libhrigeadh a' Phlana Gàidhlig. Thar ùine a' Phlana, thèid an trèanadh seo a bhrosnachadh agus a leudachadh gu na buill taghte air fad.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	Sònraich luchd-obrach air feadh na Comhairle a bhiodh deònach trèanadh ann am mothachadh air Gàidhlig fhaotainn agus cuir tàbhachd air a rèir nam feuman a thaobh gnìomhachais, mar eisimpleir an luchd-obrach a tha an sàs	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1

	ann a bhith a' libhrigeadh a' Phlana Gàidhlig. Thar ùine a' Phlana, thèid an trèanadh seo a bhrosnachadh agus a leudachadh gu luchd-obrach air fad.		
	Bidh sinn gu cunbhalach a' brosnachadh agus a' misneachadh luchd-obrach cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig a ghabhail.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	Thoir cothroman do phrìomh luchd-obrach is buill thaghte air trèanadh mothachaidh Gàidhlig a fhrithealadh.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	Leasaich agus broснаich ionnsachadh e-stèidheach mar chiad cheum	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
<i>Ionnsachadh Cànan: (Cothroman nas fharsainghe airson Gàidhlig ionnsachadh)</i>			
Cleachdaidhean an-dràsta	Bidh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath a' toirt taic do Fhoghlam Gàidhlig fo stiùir na coimhearsnachd		
Prìomh raointean leasachaidh	Cleachd an sgrùdadh air sgilean an luchd-obrach gus sgilean agus ùidh an luchd-obrach ann an ionnsachadh Gàidhlig an-dràsta a shònrachadh gus plana-ionnsachaidh a leasachadh airson Gàidhlig, an crochadh air feuman a thaobh gnìomhachais.	Taic Ionmhais is Chorporra	Bho Bhliadhna 1
	Thoir fiosrachadh seachad mu chothroman Gàidhlig ionnsachadh.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
	Cleachd na meadhanan sòisealta agus dòighean didseatach eile gus mothachadh air a' Ghàidhlig a chur air adhart.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bho Bhliadhna 1
	Stèidhich ceanglaichean gus am bi a' Ghàidhlig taobh a-staigh Plana Ionnsachaidh Siorrachd Inbhir Àir a Tuath	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1

Caibideil 3 - Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig: Coileanadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ag aithneachadh gun tèid na raointean as cudromaiche a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh air a' chuid as motha tron phlana Ghàidhlig againn ach gun èirich cothroman gus an cànan a chur air adhart agus a leasachadh tro na ceuman a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta. Nì Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath sgrùdadh air na geallaidhean a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta gus àiteachan a chomharrachadh far am faodar Gàidhlig a thoirt a-steach agus na prìomhachasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thòiseachadh tro mhodhan a bharrachd. Tha sinn a' sealltainn air seo a rèir a' phrionnsapail mu riaghailteachadh aig a bheil mar amas Gàidhlig a thoirt a-steach ann am beatha làitheil na h-Alba.

Is e a th' anns an Aonta Toraidh Shingilte ach aonta eadar a' Chom-pàirteachas Dealbhaidh Coimhearsnachd agus Riaghaltas na h-Alba a tha a' suidheachadh na tha sinn an dòchas a choileanadh airson Siorrachd Inbhir Àir a Tuath anns an ùine 2014-2017. Chum Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath conaltradh le Lìonra Ceangail Coimhearsnachd a thaobh dreachd den Phlana Gàidhlig san Dùbhlachd 2013 agus leanaidh sinn air adhart a' brosnachadh mothachaidh den Phlana Gàidhlig don chom-pàirteachas Dealbhaidh Coimhearsnachd.

Ann an cruthachadh, ùrachadh is dearcnachadh phoileasaidhean, nì Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath cinnteach gum bi a' bhuidh air a' Ghàidhlig air an aon rèir ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Thèid aithisg a thoirt air adhartas gach bliadhna air làrach-lìn Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath.

Sealladh Farsaing de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' comharrachadh ceithir nithean ceangailte ri leasachadh-cànain a dh'fheumar aghaidh a chur orra, agus nam broinn tha e a' socrachadh caochladh prìomh raointean:

1. *Togail a' chànain*

Cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an cànan a thoirt a-nuas ann an teaghlachan is le bhith a' faighinn cothroman gus a' Ghàidhlig ionnsachadh, le bhith:

- cur ri cleachdadh is cumail suas na Gàidhlig aig an taigh
- cur ri àireamh na cloinne air an àrach ann an Gàidhlig aig an taigh
- meudachadh air na tha ri fhaotainn de fhoghlam tron Ghàidhlig agus na tha a' tòiseachadh ann
- cur ris an àireamh de dh'inbhich ag ionnsachadh Gàidhlig gu fileantas

2. *Cleachdadh a' chànan*

Brosnachadh barrachd chleachdaidh na Gàidhlig, toirt cothroman air a' chànan a chleachdadh, agus adhartachadh cothrom air modhan labhairt Gàidhlig, le bhith:

- cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam aig an treas ìre is ann an àiteachan-obrach
- cur ris an ìre de Ghàidhlig anns na meadhanan
- cur ri adhartachadh na Gàidhlig anns na h-ealainean
- cur ri ìomhaigh na Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchais is chur-seachadan

3. *Inbhe cànan*

Cur ris an ìre de Ghàidhlig a chithear is a chluinnear, cur ris an ìre de dh'èòlas a tha oirre agus ìomhaigh dheimhinn a chruthachadh airson na Gàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba, le bhith:

- cur ri ìre nam buidhnean a dh'ullaicheas Planaichean Gàidhlig
- cur ri ìomhaigh is cliù na Gàidhlig
- cur ris an ìre de Ghàidhlig a chithear is a dh'aithnichear

4. *Corpas cànan*

A' cur ri brìgh is seasmhachd na Gàidhlig is a' cur air adhart rannsachadh mun chànan, le bhith:

- cur ri freagarrachd is riaghailteachd na Gàidhlig
- cur ri ìre is ruigsinneachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- cur ris an ìre de dh'fhiosrachadh-rannsachaidh cruinn a tha ri fhaotainn

Dealas ri cuimsean Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath dealasach a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Nàiseanta a chur an gnìomh agus cuiridh sinn an cèill mar a bheir sinn na h-amasan againn gu buil san earrainn seo.

1. Togail Cànan

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath mothachail ma tha Gàidhlig gu bhith seasmhach gum feum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus gum bu choir cuideam a chur air an dachaigh, air foghlam is air ionnsachadh do dh'inbich mar na dòighean as fheàrr gus seo a thoirt gu buil. Gabhaidh sinn na ceuman seo a leanas a chuideachadh gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh a chuireas ri ìre luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

Gnìomh	Stiùir	Ùine
A bhith a' sireadh maoin eachadh bhon taobh a-muigh airson Oifigear Leasachaidh Gàidhlig.	Foghlam agus Sgilean	A' leantainn
Brosnaich na tràth-bhliadhnaichean agus Gàidhlig a leasachadh, a tha ga libhrigeadh an-dràsta tro Neach Gàidhlig nan Tràth-bhliadhnaichean ann an Eilean Arainn.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Dèan rannsachadh air mar a dh'fhaodadh eòlas Leasachadh Gàidhlig nan Tràth-bhliadhnaichean a sgaoileadh nas fharsainge, math dh'fhaodte le Glow.	Foghlam agus Sgilean	Bliadhna 2
Leasaich solar Gàidhlig sna Tràth Bhliadhnaichean ann an ùrachadh Talla a' Bhaile eachdraidheil ann a' Irbhinn.	Foghlam agus Sgilean	Bliadhna 2
Àrdaich mothachadh air Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig am measg phàrantan.	Foghlam agus Sgilean	Bliadhna 2
Fosgail co-chomhairleachadh ùr air solar FTMG.	Foghlam agus Sgilean	Bliadhna 3
Dèan ath-sgrùdadh agus tòisich/ùraich solarachadh Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig ann an com-pàirt leis na comhairlean as fhaisge oirnn.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Dèan sgrùdadh air mar a b' urrainn Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS) a thabhan agus a libhrigeadh dha sgoilearan.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 4
Libhrig cothroman air ionnsachadh mothachadh Gàidhlig do sgoilearan eadar 3-18 bliadhna tron Churraicealam airson Sàr-mhathais agus tachartasan	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 3

Coimhearsnachd is Cultar.		
Ullaich ceud cheumannan airson CPD do luchd-teagaisg gus taic a thoirt do GLPS agus cuir aithisg gu Bòrd na Gàidhlig.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 2

2. Cleachdadh Cànan

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ag aithneachadh ma tha a' Ghàidhlig gu bhith seasmhach nach e a-mhàin gum feum comas a bhith aig barrachd dhaoine a bhith a' bruidhinn a' chànan ach gum feumar cur ris a' chleachdadh fhèin. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cur air chomas dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar mhodh-conaltraidh làitheil ann am farsaingeachd de ghnìomhan is de chur-seachadan.

Gnìomh	Stiùir	Ùine
A bhith a' sireadh maoinachadh bhon taobh a-muigh airson Oifigear Leasachaidh Gàidhlig.	Foghlam agus Sgilean	A' leantainn
Brosnaich a' Ghàidhlig tro cheanglaichean le tachartasan cultair, dualchais is ealain, leithid prògraman is foillseachaidhean/taisbeanaidhean ann an ionad dualchais is cultarail Taigh a' Bhaile an Irbhinn.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Àrdaich follaiseachd na Gàidhlig taobh a-staigh thachartasan cultarail is dualchais, leithid tachartasan leabharlann.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Àrdaich follaiseachd na Gàidhlig tro shanasachd ann an leabharlannan far a bheil stuthan ionnsachaidh Gàidhlig gan cumail.	Foghlam agus Sgilean	Mar a bhios feum air feadhainn ùra
Obraich le Fòram na Gàidhlig agus le coimhearsnachdan gus cothroman air ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh is a leasachadh do dh'inbhich.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Bithear ag obair le coimhearsnachdan labhairt na Gàidhlig gus buidheann taghaidh stòr a stèidheachadh airson stuthan Gàidhlig fhaighinn do leabharlannan.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Thoir a-steach beagan susbaint anns an dà chànan air làrach-lìn na Comhairle agus leasaich susbaint mun Phlana Gàidhlig, air	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1

Foghlam Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus gnothaichean cultarail Gàidhlig ann an Siorrachd Inbhir Àir a Tuath airson làrach-lìn na Comhairle.		
Dèan barrachd oidhirp gus a bhith a' stiùireadh luchd-obrach na Comhairle a dh' ionnsaigh chothroman ionnsachaidh na Gàidhlig.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Lean air brosnachadh cleachdaidh chruinneachaidhean Gàidhlig anns na leabharlannan.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Leudaich air an stiùireadh a th' ann an dràsta gu goireasan ionnsachaidh na Gàidhlig, a' toirt a-steach ghoireasan figearail.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Cuidich is nochd ealain, cultar is dualchas na Gàidhlig ann an clàran-obrach air an cumail no am maoinachadh leis a' Chomhairle, fèisean-leabhraichean agus tionnsgnaidhean-dualchais leithid tursan dualchais, Talla Bhaile an t-Salainn agus Taigh Irbhinn	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Thèid iarraidh air roinn IT na Comhairle comas a thoirt seachad gus sràcan Gàidhlig a chuir air litrichean airson luchd-obrach.	Seirbheisean Ionmhais is Corporra	Bho Bhliadhna 1

3. Inbhe a' chànain

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ag aithneachadh gum bi inbhe a' chànain a rèir an t-suidheachaidh timcheall air bho latha gu latha agus na h-ìre dham bithear ga cleachdadh, ga luachadh is ga faicinn a bhith luachmhor leis na h-ionadan sin aig a bheil àite cudromach nar beatha làitheil.

Gnìomh	Stiùir	Ùine
Cuir a' chiad Phlana Gàidhlig aig a' Chomhairle air adhart.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bho Bhliadhna 1
Stèidhich buidheann Ghàidhlig gus sùil is aithisg a thoirt air toirt a' Phlana gu buil.	Seirbheisean Deamocratach is Rianachd	Bho Bhliadhna 1
Obraich le Fòram na Gàidhlig is	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1

coimhearsnachdan gus Gàidhlig a chuideachadh is a leasachadh.		
Cuir ri faicsinneachd na Gàidhlig ann an togalaichean, làrach-lìn, ionadan cultarail is sgrìobhainnean bunaiteach na Comhairle leithid Plana na Comhairle, mìosachain bliadhnail agus an leithid a rèir mar a nochdas cothroman. Nochdaidh seo spèis co-ionannachd don Ghàidhlig is don Bheurla.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Thèid comhairle a thoirt do threas buidhnean a bhios a' libhrigeadh sheirbheisean às leth na Comhairle mu rùintean sa Phlana Gàidhlig seo nuair a thathar a' solar, gu sònraichte co-cheangailte ri spèis co-ionannachd don Ghàidhlig is don Bheurla.	Seirbheisean Ionmhais is Corporra	Bho Bhliadhna 3

4. Corpus a' Chànain

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ag aithneachadh gum feumar iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cho cudromach is a tha e seirbheisean eadar-theangachaidh a thoirt seachad agus rannsachadh mun chànan fhèin a chur air adhart.

Gnìomh	Stiùir	Ùine
Lean air adhart ag obair le coimhearsnachdan is com-pàirtichean a' cur ri mothachadh air ainmean-àite Gàidhlig tro thachartasan cultarail.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1
Dèan cinnteach gun cùm obair air ainmean-àite Gàidhlig ri riaghailtean air an socrachadh le Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig agus Ainmean Àite na h-Alba.	Foghlam agus Sgilean	Bho Bhliadhna 1

<p>Obraich le Fòram na Gàidhlig is coimhearsnachdan gus poileasaidh cosg-èifeachdach is iomchaidh mar fhreagairt air iarrtasan airson eadar-theangachaidhean Gàidhlig aontachadh.</p>	<p>Seirbheisean Deamocratach is Rianachd/Foghlam is Sgilean</p>	<p>Bho Bhliadhna 2</p>
<p>Roinn sgrùdadh is fianais mun Ghàidhlig le luchd-obrach.</p>	<p>Foghlam agus Sgilean</p>	<p>Bho Bhliadhna 2</p>
<p>Dèan ceangal ri Bòrd na Gàidhlig airson comhairle, a' dol an sàs ann an rannsachadh nuair a bhios e iomchaidh.</p>	<p>Foghlam agus Sgilean</p>	<p>Bho Bhliadhna 1</p>

CAIBIDEIL 4 – CUR AN GNÌOMH IS DEARCNACHADH

Clàr-ama

Bidh am plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad 5 bliadhna bhon cheann-là a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Aig deireadh na h-ùine seo air a' char as fhaide, nì sinn ath-bhreithneachadh air a' phlana, nì sinn na h-atharrachaidhean a tha a dhìth agus cuiridh sinn a-steach chun a' Bhùird gus an tèid a cheadachadh. Ann an Caibideil 2 - Geallaidhean bunaitheach agus Caibideil 3 – *Buaidh Poilasaidh airson Gàidhlig*, tha sinn air cinn-là fa leth a mhìneachadh airson gnìomhachadh gheallaidhean sònraichte. Thèid seo a dhearcnachadh agus aithisg a thoirt air adhartas gach bliadhna air làrach-lìn Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath agus gu Bòrd na Gàidhlig.

Foillseachadh a' Phlana

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath:

- fhoillseachadh san dà chànan air an làrach-lìn;
- a bhrosnachadh ann am fios naidheachd dà-chànanach a theid a chur a-mach ag ainmeachadh a' phlana;
- cothrom a thoirt air lethbhric den phlana ann an ionad seirbheisean an luchd-chleachdaidh againn, leabharlannan agus ann an ionad-fàilteachaidh na h-oifis chorporra,
- am plana a chur air shùilean don luchd-obrach tro Navigate, eadra-lìon Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath;
- lethbhric den phlana a thoirt do dh' eagrachaidhean ann an com-pàirteachas a rèir mar a tha iomchaidh;
- lethbhric den phlana a thoirt do dh'eagrachaidhean Gàidhlig; agus
- bheir sinn lethbhric seachad nuair a thathar gan iarraidh.

Ullachaidhean a Thaobh Rianachd gus am Plana Gàidhlig a chur an Gnìomh

Tha am plana na phoileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath agus tha e air taic fhaighinn bhon sgioba-riaghlaidh chorporra againn agus bho bhuill na Comhairle.

Uallach Iomlan

Bidh e an urra aig a' cheann thall ris na Comhairlichean agus ris a' Cheannard dèanamh cinnteach gun libhrig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath na rùintean a tha am broinn a' phlana seo.

Luchd-obrach fa leth

Gheibh a h-uile neach-obrach fiosrachadh air susbaint a' phlana tro eadra-lìon agus làrach-lìn na Comhairle. Thèid aithisg a thoirt air leasachaidhean air a' Phlana Ghàidhlig ann an News in Brief agus Team Talk, a rèir mar a bhios sin iomchaidh.

Seirbheisean rin libhrigeadh le buidhnean eile

Thèid comhairle a thoirt do gach eagrachadh treas partaidh a bhios a' libhrigeadh sheirbheisean às leth na Comhairle mu na rùintean sa Phlana Ghàidhlig seo nuair a thathar a' solar.

A' toirt fiosrachaidh do bhuidhnean eile mun Phlana

Thèid comhairle a thoirt do dh'eagrachaidhean ann an com-pàirteachas mu rùintean na Comhairle tron Chom-pàirteachas Dealbhadh-coimhearsnachd.

A' maoineachadh a' phlana

Maoinichidh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath mòran de na gnìomhan tro bhuidseatan nan seirbheisean an urra; le cuid de gnìomhan a' leantainn le bhith gam maoineachadh le buidhnean air an taobh a-muigh. Leantar a' lorg barrachd taic-airgid airson phròiseactan sònraichte, a bharrachd air na geallaidhean againn a tha sa Phlana againn, bho bhuidhnean air an taobh a-muigh gus an t-ullachadh a shìneadh.

A' Dearcnachadh Gnìomhachadh a' Phlana

Thèid aithisg air adhartas a dh'ionnsaigh libhrigeadh a' phlana a thoirt do Chaibineat na Comhairle agus do Bhòrd na Gàidhlig gach bliadhna.

Fios conaltraidh

Is e an t-oifigear as àirde dreuchd le uallach-obrachaidh airson ullachadh, libhrigeadh is dearcnachadh Plana Gàidhlig Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath:

Audrey Sutton
Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachd is Cultar, Foghlam is Sgilean
Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath
Taigh Choineagain
Irbhinn
KA12 8EE

01294 324414
asutton@north-ayrshire.org.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Rhona Arthur
Àrd-mhanaidsear (Fiosrachadh is Cultar), Coimhearsnachd is Cultar,
Foghlam agus Sgilean
Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath
Taigh Choineagain
Irbhinn
KA12 8EE

01294324415
RhonaArthur@north-ayrshire.org.uk